

N5

National 5
Coursework
Assessment Task



National 5 Gàidhlig Assignment-writing Assessment task

Valid from session 2017-18 and until further notice.

This edition: August 2017 (version 1.0)

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications. This publication must not be reproduced for commercial or trade purposes. **This material is for use by teachers and lecturers.**

© Scottish Qualifications Authority 2017

Contents

Introduction	1
Marking instructions	2
Stiùireadh nan oileanach	3

Introduction

This document contains instructions for candidates for the National 5 Gàidhlig assignment-writing. It must be read in conjunction with the course specification.

This assignment-writing has 20 marks out of a total of 120 marks available for the course assessment.

This is one of five course assessment components. The other components are question papers covering reading, literature, and listening, and a performance-talking.

Marking instructions

The marking instructions for the National 5 Gàidhlig assignment-writing can be found in the course specification.

Stiùireadh nan oileanach

Tha an stiùireadh seo co-cheangailte ris an obair shònraichte-sgrìobhadh aig Ìre Nàiseanta 5 ann an Gàidhlig.

Tha an obair shònraichte-sgrìobhadh airidh air 20 comharra. Tha na comharraidhean sin a' riochdachadh 20 a-mach à 120 comharra gu lèir airson a' chùrsa.

Tha i a' measadh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a leanas:

- ◆ sgilean ann an sgrìobhadh cruthachail no sgrìobhadh breithneachail
- ◆ sgilean sgrìobhaidh a tha a rèir adhbhar agus luchd-amais

Innsidh an neach-measaidh dhut ciamar a bhios am measadh air a dhèanamh agus mu ghnìomhan sònraichte a dh'fheumar airson am measadh a dhèanamh.

Anns a' mheasadh seo feumaidh tu na leanas a dhèanamh:

- ◆ sgrìobh aon phìos de mu 700-1,000 facal a tha cruthachail no breithneachail

Faodar làn chomharran fhaighinn airson pìos nas giorra, ma tha e iomchaidh airson an adhbhair. Ma bhios an àireamh fhacail 10% nas àirde nan àireamh a thathar ag iarraidh, thèid do pheanasachadh.

Faodaidh sgrìobhadh cruthachail gabhail a-steach:

- ◆ aiste phearsanta/aiste mheòrachail
- ◆ pìos sgrìobhaidh rosg (ficsean) (me sgeulachd ghoirid, pìos bho nobhail)
- ◆ pìos bàrdachd no pìosan bàrdachd le ceangal a thaobh cuspair
- ◆ sgrìobt dràmach (me sealladh, monolog, sgeidse)

Faodaidh sgrìobhadh breithneachail gabhail a-steach:

- ◆ aiste ìmpidheach
- ◆ aiste chonnsaideach
- ◆ aithisg airson adhbhar sònraichte
- ◆ pìos-obrach gnìomhach

Chan eil an liosta seo buileach slàn, ach tha i a' comharrachadh cuid de na roghainnean a tha e comasach dhut a thaghadh.

Dh'fhaodadh am mìneachadh a leanas mu sheòrsachan de sgrìobhadh do chuideachadh ann a bhith a' taghadh an seòrsa sgrìobhadh a nì thu.

Sgrìobhadh Cruthachail

Pearsanta

Sgrìobhadh pearsanta (ann an da-rìribh no nad mhac-meanmainn) a' cur fòcas air tachartas(an) no suidheachadh sònraichte agus mar a dhèilig thu ris/riutha.

Meòrachail

Tha sgrìobhadh meòrachail ag amas air ùidh a thogail no toileachas a thoirt, seach a bhith dìreach a' toirt fiosrachadh mu fhèin-fhiosrachadh. Bidh e, mar as trice, a' dèiligeadh ri aon bheachd-smuain, lèirsinn no fèin-fhiosrachadh agus bidh e a' gabhail a-steach meòrachadh air eòlas, smuaintean no faireachdainnean a tha air an cruthachadh mar thoradh air seo.

Mac-meanmnach

Faodaidh seo a bhith ann an riochdan eadar-dhealaichte mar: sgeulachd ghoirid; earrann de nobhail; sgrìobt dràma (sealladh, monolog, sgeidse); bàrdachd; sgrìobt airson dealbh-chluich air rèidio, dràma air telebhisean no siabann; tuairisgeul no sreath a tha ceangailte no a tha eadar-dhealaichte de sgeidseachan litearra tuairisgeulach.

Sgrìobhadh Breithneachail

Ìmpidheach

Is e an t-amas a tha aig sgrìobhadh ìmpidheach a bhith a' toirt air an leughadair a b(h)eachd atharrachadh gu bhith a rèir beachd no adhbhar an sgrìobhadair. Tha e mar as trice a' dèiligeadh ri aon cuspair no chùis agus bidh faireachdainn làidir, dealas agus creideamh ann tro bhith a' cleachdadh cànan gu mothachail gus blas iomchaidh a chruthachadh.

Connsaideach

Cuiridh sgrìobhadh connsaideach an cèill cuspair no cùis ann an leithid de dhòigh is gu bheil loidhne smuain air a leasachadh a tha a' dèiligeadh ri dà bharrail no còrr, a' soilleireachadh an argamaid a tha gu bhith air a taisbeanadh.

Aithisg

Tha grunnan phrìomh fheartan ann an aithisg. Feumaidh fiosrachadh a bhith san aithisg a tha iomchaidh dhan chuspair/chùis a chaidh a thaghadh is a tha air an toirt bho co-dhiù dà stòr agus feumaidh am fiosrachadh a thig bho na stòran sin a bhith air ath-obrachadh agus air ath-innse ann an dòigh iomchaidh a rèir adhbhar na h-aithisg. Bidh ruith agus structair iomchaidh aig aithisg. Faodaidh diagraman, clàir, cairtean agus grafan a bhith air an cleachdadh ma bhios iad iomchaidh dhan riochd a chaidh a thaghadh. Faodaidh cinn-sgrìobhaidh, pàipearan-taic, clàr-leabhraichean agus siostam litreachaidh no àireamhachd a bhith air an cleachdadh cuideachd gus cuspairean a sgaradh.

Pìos-obrach gnìomhach

Tha sgrìobhadh gnìomhach fiosrachail, agus dh'fhaodadh gum biodh e a' gabhail a-steach lèirmheas air film no eachdraidh beatha. Bu chòir dha a bhith air a sgrìobhadh le luchd-amais sònraichte san amharc, agus a bhith a' feuchainn ri dhol an sàs san luchd-amais sin.

Stiùireadh coitcheann

Cha bu chòir beachdan, comharran no ìrean bhon neach-measaidh agad a bhith sgrìobhte air a' phìos a chuireas tu a-steach.

Bheir an neach-measaidh agad dhut taic reusanta a dh'fhaodadh gabhail a-steach cuideachadh ann a bhith a' taghadh cuspair agus nòs-litreachais, agus comhairle agus stiùireadh air a' chiad dreachd. Cha bu chòir dhan phìos a bhith air ath-dhreachdadh barrachd air aon thuras.

Administrative information

Published: August 2017 (version 1.0)

History of changes

Version	Description of change	Date

Security and confidentiality

This document can be used by practitioners in SQA approved centres for the assessment of National Courses and not for any other purpose.

Copyright

This document may be reproduced in whole or in part for assessment purposes provided that no profit is derived from reproduction and that, if reproduced in part, the source is acknowledged. If it needs to be reproduced for any purpose other than assessment, it is the centre's responsibility to obtain copyright clearance.

Re-use for alternative purposes without the necessary copyright clearance may constitute copyright infringement.

© Scottish Qualifications Authority 2017